

Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017-2022: Co-chòmhairleachadh

Beachdan aig sgioba Pròiseact Rannsachaidh Gàidhlig nan Eilean le taic bho na com-pàirtichean ann an Soillse (Oilthighean Dhùn Èideann, Ghlaschu, Obar Dheathain, agus na Gàidhealtachd agus nan Eilean)

Ceist 1

Tha cumadh a’ Phlana a’ gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a’ Phlana agus air an àrd-amas againn?

Tha cumadh a’ Phlana furasta a leantail, ach tha beagan atharraichean ri dhèanamh air structar a’ Phlana airson fòcas sònraichte a chur air na Prìomhachasan. Tha ceist ann a bheil Earrann Thar-sheallaidh a’ Phlana feumail san riochd a tha air tdd. 6-9 mar a thathar ga chleachdadh an-dràsta. Tha an riochd seo buailteach air fòcas a thoirt air falbh bhon phrìomh earrann dhen Phlana a tha a’ mìneachadh nam Prìomhachasan air tdd. 21-31. Dh’fhaodadh ceistean a’ cho-chomhairleachaidh a bhith air an gluasad chun an Earrainn seo dhen Phlana cuideachd.

Bhiodh e feumail cuideachd, airson barrachd tuigse is mìneachaidh a thoirt seachad, nan robh na tùsan-fiosrachaidh a tha a’ toirt taic do na beachdan a th’ ann an Earrann 5 air an clàradh san teacsa. Seo an treas Plana Cànan Nàiseanta agus bhiodh e cuideachail nan robh geàrr-shealladh air a thoirt seachad air na prìomh cheumannan adhartais a tha air tighinn air ‘fàs is feabhas’ na Gàidhlig thairis air loidhne-ama an dàrna Plana. Chan eil mòran fiosrachaidh air nochdadh sa cho-theacsa a th’ ann an Earrann 5, a tha a’ toirt dhuinn fios sam bith air a’ mheasadh a chaidh a dhèanamh air Plana 2. Bhiodh sin feumail, agus bheireadh e dhuinn sealladh air na leasan is ionnsachadh air soirbheachas nam poileasaidhean a tha air a bhith air an cur an gnìomh bho 2012.

Tha prìomh amas a’ Phlana gun teagamh air fhaicinn ann an seagh freagarrach agus ‘ionmholta’ ach bu chòir co-theacsa nas soilleire a bhith ann airson ceanglaichean a shealltainn eadar poileasaidh, gnìomh agus adhartas. Tha e cudromach an suidheachadh sin a dhealbhadh gu soilleir airson misneachd is dòchas a thogail an lùib luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh thairis air sgìrean na h-Alba air fad agus gu sònraichte anns na sgìrean far a bheil a’ Ghàidhlig fhathast air a faicinn na cànan dùthchasach. ‘S e a’ cheist gu ìre, dè an t-adhartas a tha air tighinn thairis air na bliadhnaichean a dh’fhalbh, agus bhiodh e math beagan mìneachaidh a thoirt air an sin anns a’ Phlana seo. Cha bu chòir don Phlana seo a bhith dìreach a’ glèidheadh an ‘*status quo*’ ann an seagh poileasaidhean is ghnìomhan suas gu 2022. Bu chòir an cothrom a ghabhail airson slighean sònraichte a dhealbhadh agus ceumannan radaigeach a chur an gnìomh airson Gàidhlig a ghlèidheadh is ath-bheòthachadh.

Tha cuideachd am Plana a’ cur cuideam air “*fàs nas luaithe agus buil nas fharsainghe*” agus “*adhartas bliadhna air bhliadhna ro 2022*”, ged nach eil e idir soilleir dè a tha sin a’ ciallachadh ann an dà-rireadh, agus gu sònraichte ann an seagh targaidean sam bith. Gu dearbh tha e doirbh do mheur a chur air targaid shoilleir sam bith thairis air a h-uile prìomhachas a tha anns a’ Phlana. Tha cunnart ann an sin gu bheil am Plana gu ìre gu bhith air a stèidheachadh air bunaitean a tha a’ dol a dh’fhàilligeadh.

Leis gu bheil “cleachdadh” na Gàidhlig a’ gabhail a-staigh “labhairt”, b’ urrainnear an t-àrd-amas a dhèanamh na bu shìmplidhe fhathast. Tha e coltach gu bheil a’ toirt an t-aon luach do na trì puingean seo – “*A’ cur ìomhaigh dheimhinneach air adhart airson na Gàidhlig*”, “*Ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh*”, agus “*Fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig*”. Ach tha còir prìomhachas a thoirt don treas fhear, “Cleachdadh” (ach mura h-eilear a’ coimhead air ionnsachadh na Gàidhlig mar rud luachmhor ann fhèin, fiù ’s mura tèid a cleachdadh as dèidh làimh). Bhiodh e cuideachd

feumail aig toiseach a' Phlana nan robh modail/diagram ann a bha a' sealltainn a' chuideim shònraichte a thathas a' cur air na trì prìomhachasan bunaiteach stèidhte air modail so-sheasmhachd ceangailte ri ath-bheòthachadh na Gàidhlig.

Tha na trì Prìomhachasan sònraichte agus na Prìomh Ghealltanasan a tha anns a' phlana a' togail ceist san fharsaingeachd ceangailte le maoineachadh, agus càite da-rìreadh a bheil na prìomhachasan airson na h-ath cheumannan leasachaidh airson na Gàidhlig a thoirt air aghaidh ann an Alba.

Ceist 2

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

Tha e cudromach a bhith a' brosnachadh ìomhaigh na Gàidhlig. Aig an aon àm tha e cudromach a bhith ag aithneachadh nan duilgheadasan a tha roimhe san latha a th' ann. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' feuchainn ri ìomhaigh a' chànain àrdachadh a dh'aona-ghnothach airson taic a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig, agus leis an àrd-amas sin stèidhte air deagh thuigse mu na tha a' tachairt ann an da-rìreadh anns na coimhearsnachdan a tha ga cleachdadh. Ma thathas a' cur a-mach naidheachdan a tha làn "dòchas" ach nach eil a' faireachdainn fìor, tha cunnart ann gur e briseadh-dùil a bhios ann aig a' cheann thall, an dà chuid do na fileantaich sna coimhearsnachdan, agus don luchd-ionnsachaidh air feadh na dùthcha, leis nach tàinig na h-amasan agus na dòchasan a chaidh a thogail gu buil.

Tha sreath de cheistean ann ceangailte ris na planaichean Gàidhlig aig na buidhnean poblach, agus dè a' bhuidheachadh da-rìreadh a th' aca air cleachdadh na Gàidhlig sna sgìrean ionadail agus sna coimhearsnachdan ùidh a tha iad a' riochdachadh, agus cuideachd an taic a tha iad a' toirt do luchd-ionnsachaidh ìre fileantais a ruigsinn. Chan eil sin idir ag ràdh nach eil feum orra, on is iad na prìomh ionnsramaidean a tha ann an Achd na Gàidhlig airson dèiligeadh ris an roinn phoblaich agus le suidheachadh leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Dh'fhaoidte gum bu chòir don Phlana seo iomradh a thoirt air measadh bunaiteach a dhèanamh air an Achd, airson dearbhadh gu bheil an suidheachadh reachdail da-rìreadh a' toirt làn-thaic dha na gnìomhan a tha a dhìth airson cor na Gàidhlig a neartachadh bho 2017 agus air adhart.

Tha na raointean a tha air an ainmeachadh air td. 7 freagarrach, ach bu chòir iomradh a thoirt an seo cuideachd air turasachd is dualchas; spòrs is an òigrìdh; agus modailean-taice sònraichte, le tachartasan air an stiùireadh leis na coimhearsnachdan ionadail fhèin, chan e a-mhàin tachartasan nàiseanta a tha feumail airson ìomhaigh na Gàidhlig a thogail air feadh an t-sluaigh. Tha cuideachd na prìomh ghealltanasan freagarrach gu leòr, ach tha iad caran lom bho thaobh mìneachaidh is susbainte. Mura robh atharraichean mòr sam bith ri thighinn air na prìomh ghealltanasan seo gu lèir, bu chòir iomradh a thoirt sa Phlana gum bi plana gnìomh mionaideach air a chruthachadh nuair a tha am Plana Nàiseanta air aontachadh le Ministearan an Riaghaltais. Tha feum air adhartas leis a' Ghàidhlig a bhith air a stèidheachadh sna coimhearsnachdan ann an dòigh gnìomhach, agus chan ann a-mhàin le bhith a' cruthachadh ìomhaigh na Gàidhlig mar chur-seachad neo-ghnìomhach.

Ceist 3

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil

beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

'S e *Cleachdadh*, seach *Ionnsachadh*, a bu chòir a bhith aig cridhe a' phlana, le foghlam air fhaicinn mar thaic don àrd-amas sin. (Faodar cuideachd coimhead air ionnsachadh na Gàidhlig, agus ionnsachadh mu dheidhinn na Gàidhlig, mar rudan luachmhor annta fhèin.) Tha àite aig a' Ghàidhlig sa h-uile raon ann am foghlam foirmeil, ach tha e ceart cuideachd a bhith ag aithneachadh gun urrainnear Gàidhlig ionnsachadh taobh a-muigh nan structaran sin. Bu chòir fàilte a chur air ionnsachadh neo-fhoirmeil cuideachd.

Tha am Prìomhachas seo agus na Prìomh Raointean gu ìre a' gabhail na slighe as fhasa, le leasachaidhean le fòcas cha mhòr a-mhàin air luchd-ionnsachaidh, ged nach eil mìneachadh sam bith ann air cò da-rìreadh a tha san 'luchd-ionnsachaidh' seo. Tha amharas ann gu bheil slighe a' Phlana airson dèiligeadh ri luchd-ionnsachaidh a' bhaile mhòir, no ri luchd-ionnsachaidh ùra aig nach eil pàrantan a tha fileanta sa Ghàidhlig. Chan eil sian idir ceàrr air an sin, agus 's e adhbhar-molaidh a th' ann gu bheil a' choimhearsnachd ionnsachaidh seo air a faicinn mar phrìomhachas, airson luchd-labhairt is luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a leudachadh ann an Alba sna bliadhnaichean a tha romhainn. A dh'aindeoin an adhartais sin, chan eil mòran iomraidh no aithne air a thoirt do choimhearsnachd eile, a tha fìor chudromach is bunaiteach do dh'ath-bheòthachadh is so-sheasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd. Tha a' choimhearsnachd sin anns na sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig fhathast gu ìre stèidhte, agus i air a cleachdadh, agus aithnichte mar chànan dùthchasach. Bu chòir don Phlana seo aithne shònraichte a thoirt don choimhearsnachd dhùthchasach seo, a tha na bun-stèidh airson adhartas seasmhach sam bith ceangailte ri Gàidhlig ann an Alba.

Dh'fhaodadh am Plana ùr seo sùil a thoirt air ceum radaigeach a ghabhail, agus gealltanais a thoirt seachad a bheireadh aithne shònraichte do na feumalachdan-taice a bharrachd agus eadar-dhealaichte a tha a dhìth air an dà choimhearsnachd seo (lìonraidhean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus coimhearsnachdan na Gàidhlig). Tha cunnart ann, leis mar a tha na Prìomh Raointean air am mìneachadh an-dràsta, gu bheil sgìrean dùthchasach na Gàidhlig, gu ìre mhath na h-Eileanan Siar, an t-Eilean Sgitheanach agus eileanan Earra-Ghàidheal, air am fàgail air taobh a-muigh phrìomhachasain a' Phlana Nàiseanta. Bhiomaid a' moladh an seo gum bi e soilleir gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic don dà choimhearsnachd, gu bheil roi-innleachd aca a tha a' dèiligeadh le feumalachdan eadar-dhealaichte an dà choimhearsnachd, agus gu bheil luchd-obrach ann airson na dleasdanasan seo a choileanadh. Bheireadh seo spionnadh do dh'iomairtean sònraichte aig ìrean ionadail agus cuideachd, gu cudromach, bhiodh na coimhearsnachdean sin ag ionnsachadh bho chàch a chèile agus a' neartachadh agus a' leudachadh lìonraidhean-cleachdaidh is ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba. Bheireadh gluasad mar seo buaidh mhòr air prìomh amas a' Phlana seo, "... meudachadh a chur an sàs anns na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba."

Ceist 4

Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

Bu chòir am prìomhachas as àirde a thoirt do dh'iomairtean a tha a' toirt taic do choimhearsnachdan leis na h-àireamhan as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig (aig ìre fada nas àirde na 5%). Ma thèid Gàidhlig a chall mar chànan a th' air a chleachdadh gu làitheil sa choimhearsnachd, thèid àrd-amas a'

Phlana nàiseanta a dhèanamh fada nas dorra. Às aonais nan “tobraichean” sin a bhith ann, gu h-àraid sna h-eileanan, bidh duilgheadasan uabhasach a’ tighinn air na h-iomairtean eile airson fàs na Gàidhlig.

Tha na Prìomh Ghealltanasan ceangailte ris a’ Phrìomhachas seo gu math farsaing agus gu ìre stèidhte air dòchas, an àite air susbaint ghnìomhach. Bhiodh e cuideachail nan robh beagan a bharrachd mìneachaidh air na gnìomhan a bhios an lùib nan gealltanasan, agus gu sònraichte ciamar a thèid dèiligeadh ri coimhearsnachdan-cleachdaidh fa leth mar a tha iad air an ainmeachadh gu h-àrd.

Tha na h-ealain air an ainmeachadh an lùib nan gealltanasan seo, ach tha e na iongnadh nach eil guth air ro-innleachd shònraichte sam bith. Ged a tha grunn bhuidhnean cudromach ann agus iad a’ dèiligeadh ris na h-ealain Ghàidhlig, chan e dòigh-obrach *laissez-faire* a tha a dhìth, airson bunait, bun-stèidh làidir agus taic chothromach a chruthachadh airson nan ealan.

Chan eil am Plana a’ toirt mòran soilleireachd air cò bhios a’ cumail ùghdarras san roinn-leasachaidh bhunaiteach seo.

Ceist 5

Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a’ cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sinn agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann agus an dèanar adhartas ann a bhith a’ leasachadh na th’ ann de dhaoine a tha a’ labhairt, a’ cleachdadh is ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a’ leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

Gus cleachdadh làitheil na Gàidhlig a chumail làidir, ’s e a’ chiad phrìomhachas a bu chòir a bhith ann a bhith ga cumail beò sna coimhearsnachdan, far a bheil luchd-labhairt comasach ann fhathast aig na h-ìrean as àirde. Tha rannsachadh a’ sealltainn (mar eisimpleir, ann an Èirinn) gu bheil mion-chànan sam bith ann an droch chunnart, ma thuiteas àireamh an luchd-cleachdaidh gu nas lugha na 70% sa choimhearsnachd. San t-seagh sin, tha a’ Ghàidhlig ann an staing mar-tha sa h-uile h-àite, ach ann an coimhearsnachd no dhà sna h-eileanan. Tha e sònraichte cudromach gun cuirear cuideam is prìomhachas air na sgìrean far a bheil na h-àireamhan as àirde de luchd-labhairt, agus far a bheil an eachdraidh as beòthaile de chleachdadh a’ chànain.

Ceist 6

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeagan eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

Gus taic leantainneach fhaighinn, gabhaidh a thuigsinn carson a bhite airson argamaid a thogail airson na Gàidhlig a tha stèidhte air àireamhan, ach tha e ro shìmplidh a bhith a’ coimhead dìreach air àireamhan a-mhàin de luchd-labhairt no luchd-ionnsachaidh. Feumar coimhead cuideachd air na tha a’ tachairt ann an da-rìreadh ann an cleachdadh na Gàidhlig, gus poileasaidhean no iomairtean ùra a luachadh. Cha dèan cunntas àireamhach a-mhàin a’ chùis leis fhèin.

Tha sinn cuideachd dhen bheachd gu bheil an dreach seo dhen Phlana Nàiseanta caran lag ann an seagh ro-innleachdail. Tha seo air sàilleibh’s nach eil iomradh mòr sam bith air a thoirt air na dùbhlain shòisealta a tha ag obrachadh an aghaidh ath-bheòthachadh na Gàidhlig thairis air sgìrean

sònraichte agus air raointean-cleachdaidh. Chan eil na planaichean a chaidh a dhèanamh gu ruige seo air lèirsinn shòisealta airson na Gàidhlig a dhealbhadh. Tha an aon laigse aig a' phlana seo. Ma bhruidhneas sinn mu dheidhinn cleachdadh sòisealta na Gàidhlig, gun ro-innleachd airson a leasachadh, bidh sin a' togail dhòchasan nach tig gu buil airson coimhearsnachdan an luchd-labhairt, gam fàgail ann an staing fiù 's nas miosa. Chan eil am Plana seo aig an ìre cheart, far a bheilear a' dealbhachadh structar foirmeil airson dèiligeadh ann an dòigh shoilleir fhreagarrach leis na dùbhlain a tha ceangailte ri leasachadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan sònraichte agus eadar-dhealaichte a tha air an ainmeachadh gu h-àrd.

Tha an tionndadh seo dhen phlana ro choltach ris an fheadhainn a bh' ann roimhid. Bu chòir adhartas a shealltainn bho phoileasaidhean leasachadh-cànain. Chan eil iomairtean ùra susbainteach sam bith air an comharrachadh airson dèiligeadh ri cùisean, ach dìreach na dòighean-obrach a tha air an cleachdadh an-dràsta. Tha làmh an uachdair aig an 'status quo' air a' Phlana seo, agus mar sin air an t-slighe air adhart. 'S e seo an treas Plana Nàiseanta airson na Gàidhlig, agus bu chòir don Bhòrd an cothrom a ghabhail airson sùil mhionaideach a thoirt air an structar a tha iad a' cleachdadh airson seirbheisean a libhrigeadh, agus iad fhèin a chur aig teis meadhan nan coimhearsnachdan Gàidhlig, an àite a bhith caran stèidhte taobh a-muigh nan iomairtean.

Chuireadh sin am Bòrd ann an suidheachadh far am biodh e ceangailte na bu dhlùithe, ann an seagh ro-innleachdail agus gnìomhach, ris na coimhearsnachdan Gàidhlig, coimhearsnachdan ùra nam bailtean mòra, agus gu h-àraid coimhearsnachdan dùthchasail nan eilean.

Tha sinn ag aithneachadh ge-tà, gu bheil am Bòrd air a chuingealachadh ann an siostam-corporra poblach agus cuideachd gu bheil dùbhlain mhòra an lùib ath-bheòthachadh mhion-chànain.

A dh'aindeoin sin ge-tà, tha e caran doirbh fhaicinn gun deach measadh-roghainnean sam bith a dhèanamh, a tha a' toirt bun-stèidh cheart don Phlana, agus a tha a' togail air leasan a thathar ag ionnsachadh ceangailte ri prìomhachasan-gnìomha san dàrna Plana Nàiseanta, no gu dearbh na planaichean-cànain Gàidhlig aig na h-Ùghdarrasan Poblach.

Mar a tha cùisean air an dealbhachadh an-dràsta, cha bhi e comasach don Bhòrd a' chuid mhòr de na gealltanasan a chur an gnìomh gun fad' a bharrachd taic-maoineachaidh agus luchd-obrach. 'S e Plana a tha seo a tha a' dèiligeadh ri Alba air fad, ach tha e air a mhaoineachadh mar phlana roinneil ionadail. Tha sin a' ciallachadh gum feum prìomhachasan a bhith air an comharrachadh ann an dòigh gu math teann, agus far a bheil iad gu dìreach a' toirt buaidh air leudachadh luchd-labhairt is cleachdadh na Gàidhlig. Gu ìre, tha am Plana seo ann an cunnart a bhith stèidhte air bunait a chruthaicheas suidheachadh far am fàillig am Bòrd am Plana a libhrigeadh mar a thathas an dùil. Dh'fhaoidte cuideachd gum bu chòir meòhran-ionmhais mionaideach a bhith an cois Plana Cànain Nàiseanta cho cudromach ris a' phlana seo.

Tha cuspair bun-bheachdail eile ann, a tha buailteach duilgheadas a chruthachadh agus a bhith na dhùbhlain ro-innleachdail airson Prìomhachasan a' Phlana seo a chur an gnìomh, agus 's e sin am briathrachas a th' air td. 16, ceangailte ri mineachadh air 'coimhearsnachd':

'Ann an co-theacsa a' Phlana seo, faodar a ràdh gu bheil 'coimhearsnachd' a' ciallachadh: coimhearsnachdan le ìre àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig; coimhearsnachdan taobh a-staigh bhailtean is chathair-bhailtean; agus coimhearsnachdan a th' air an ceangal ri chèile tro na meadhanan is teicneòlas.'

Tha am mìneachadh seo lag, a' fàgail cunnart nach tèid coimhead gu dlùth ri feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan fa leth. 'S e rud fìor chudromach a tha seo. Mar sin, tha feum air a shoilleireachadh.

Tha am mìneachadh gu h-àrd cuideachd a' cur cuideam air 'coimhearsnachd' mar àite gun stèidh àbhaisteach air an talamh. Ach, tha an dòigh-smaointinn seo buailteach aire a tharraing air falbh bhon chrìonadh cultarail is sòisealta a tha a' tachairt beag air bheag ann an sgìrean dùthchasach na Gàidhlig. Tha an seòrsa mìneachaidh seo air 'coimhearsnachd' na roghainn agus na leisgeul caran goireasach, a dh'fhaodadh fòcas ro làidir a chumail air lìonradh brìgheil ('virtual') luchd-ionnsachaidh dà-chànanach, an àite a bhith a' coimhead nas mionaidiche air suidheachadh fada nas toinnte is nas dùbhланаiche, agus far am bu chòir dha a bhith a' dèiligeadh ri cuspairean sòisealta a tha a' buntainn do sheasmhachd na Gàidhlig. Le bhith a' cleachdadh mìneachadh mar seo, tha am Plana gu ìre a' cur an ceann a chèile na cuspairean agus na feumalachdan bunaiteach a tha a' bualadh ann an seagh gu tur eadar-dhealaichte air luchd-fìleanta, luchd-ionnsachaidh agus na daoine a tha nan luchd-cleachdaidh sna lìonraidhean brìgheil.

Tha an dòigh-smaointinn seo a' cleith nan duilgheadasan mòra a bu chòir a bhith air an aideachadh ceangailte ri cor na Gàidhlig, gu h-àraidh an lùib na h-òigridh sna sgìrean dùthchasach far a bheil a' Ghàidhlig air a faicinn fhathast mar chànan làitheil na coimhearsnachd. Tha an earrann seo dhen Phlana gu ìre mhath lag, agus chan eil e comasach fhaicinn ciamar a thig frèam-obrach gnìomhach a chruthachadh a nì feum airson ath-bheòthachadh a thoirt air cùisean, thairis air na deifir choimhearsnachdan ris am bu chòir don Phlana a bhith a' dèiligeadh, agus dham bu chòir aithne fa leth a thoirt.

Bu chòir don treas Plana Cànan Nàiseanta a bhith a' dèiligeadh gu dìreach leis na dùbhlain a th' ann, a' togail air na cothroman a th' air an cruthachadh chun an seo, a bhith làidir gu leòr ann an seagh ro-innleachdail, agus cuideachd a bhith fosgailte gu Prìomhachasan a chomharrachadh a nì feum san ùine fhada airson cor na Gàidhlig a neartachadh, gu ìre far am bi an suidheachadh air stèidh a tha nas fhallaine thairis air na bliadhnaichean cudromach a tha romhainn. Coltach ris na planaichean a chaidh a thogail roimhid, chan eil am fear ùr seo ag aithneachadh dè cho cunnartach 's a tha suidheachadh an latha an-diugh. Tha fianais gu leòr ann mar-tha gu bheil cleachdadh sòisealta na Gàidhlig a' dol sìos, gu h-àraidh sna coimhearsnachdan far am b' àbhaist dhi a bhith làidir. Tha còir aig plana sam bith airson math na Gàidhlig an droch staing seo aithneachadh, agus ro-innleachdan agus dòighean-obrach ùra airson dèiligeadh ris a' chunnart sin a mholadh.

Tha feum ann a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh ro-innleachd shòiseo-eaconamaich a bhios ceangailte nas dlùithe ris a' phoball, agus air falbh bho dheasbad anns an gabh buidhnean poblach pàirt ro mhòr.

Tha feum air lèirsinn shòisealta a bhios stèidhte air a' bhuidhinn-labhairt, agus freumhaichte anns na goireasan cultarach aca, lèirsinn a bhios aig an aon àm air a taiceadh le aithisgean iomchaidh, sòiseo-eaconamach.

Bidh toraidhean Pròiseact Rannsachaidh nan Eilean (ri thighinn) a' tabhann slat-tomhais air an cuirear lùths ro-innleachdail.